



Tìotal: Na meadhanan sòisealta

Pàirt 1: Mise air-loidhne

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a’ tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 3-45a</p> <p>Tha fios agam gum faod cultar cumanta an latha an-diugh, na meadhanan agus beachdan mo cho-aoisean buaidh a thoirt air mar a tha mi a’ faireachdainn mum dheidhinn fhìn agus a’ bhuidh a dh’fhaodas a bhith aig seo air mo dhol-a-mach. HWB3-46b</p> <p>Tha mi a’ leasachadh sgilean airson tighinn gu co-dhùnaidhean mu na dàimhean agam agus mo ghiùlan gnèitheasach. Is urrainn dhomh iad sin a chur an sàs ann an suidheachaidhean a dh’fhaodadh a bhith dùbhlach no duilich. HWB 3-46c</p> <p>Tha mi a’ beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideas, luachan is moraltachd buaidh air mo cho-dhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 3-46a</p> <p>Tha fios agam far am faigh mi taic agus cuideachadh le suidheachaidhean sa bheil droch-dhiòl agus tha mi a’ tuigsinn gu bheil laghan ann a tha gam dhìon bho dhiofar sheòrsaichean droch-dhiòl. HWB 3-49b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ag aithneachadh agus a’ mìneachadh buaidh nam meadhanan, a’ gabhail a-steach meadhanan sòisealta agus pòrnagrafaidh air fèin-mhisneachd agus ruighinn co-dhùnaidhean. • Fios agus eòlas air dè bu chòir dhaibh a dhèanamh ann an suidheachadh droch-dhiòl no giùlan mì-fhreagarrach fheiseil, mar eisimpleir, a’ toirt dhàimhean mì-fhallain gu crìch, taic ionadail, am poileas. • A’ toirt iomradh air buaidh mì-chothromachd cumhachd ann an dàimhean, dàimhean feiseil nam measg, mar eisimpleir, aonta, fòirneadh, uallach airson na nì iad agus co-dhùnaidhean. • A’ sealltainn nan sgilean a dh’fheumar airson seasamh an aghaidh ghnàth-ìomhaighean sna meadhanan, a’ gabhail a-steach meadhanan sòisealta, mar eisimpleir, misneachd, breithneachadh.

Amasan ionnsachaidh

- Gum bruidhinn daoine’ òga air na bhios iad ris air-loidhne
- Gun smaoinich daoine’ òga air a’ bhuidh a bhios aig cultar agus na meadhanan orra.
- Gun aithne do dhaoine’ òga càit am faigh iad fiosrachadh agus taic.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- ‘S urrainn dhomh cunntas a thoirt air na bhios mi a’ dèanamh air-loidhne.
- ‘S urrainn dhomh meòrachadh air mo ghiùlan fhèin agus na nì mi air-loidhne.
- ‘S urrainn dhomh meòrachadh air buannachdan agus cunnart a thaobh a bhith air-loidhne.
- Tha dòighean agam san dèilig mi ri suidheachaidhean a bhios a’ cur dragh orm.
- ‘S urrainn dhomh innse cò thuige no càit an tèid ma tha ceist agam no iomagain orm.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint

- Props airson gach pàirt dhen leasan

A thaobh an deasbaid san leasan seo 's dòcha gum bi cuid de dhaoine sa chlas aig nach eil fòn, tablaid no cothrom an t-eadar-lìon a chleachdadh. Bidh riaghailtean san dachaigh eadar-dhealaichte. Bi faiceallach mu na thèid a ràdh airson 's nach bi pàiste aig a bheil suidheachadh dachaigh no riaghailtean eadar-dhealaichte air an càineadh no an nàrachadh. *Thoir sùil air an stiùireadh aig an toiseach far a bheilear ag iarraidh air gnìomh ro-làimh a dhèanamh.*

Obair

Ron t-seisean: Sna lathaichean no an t-seachdain ron t-seisean seo, inns dha na daoine òga gum bi sibh a' bruidhinn mu na meadhanan sòisealta. Iarr orra smaoinichadh air neach a tha air-loidhne agus a tha a' dèanamh rud math mar thoradh air an sin – vlogger, neach-iomairt, neach iomraiteach. Thèid iarraidh orra an uair sin innse do dhaoine eile mu na bhios iad ris air-loidhne.

- 1. Mise air-loidhne.** Tòisich le bhith a' mìneachadh gum bi sinn air fad a' cleachdadh an eadar-lìn ann an diofar dhòighean. Bidh fònaichean no tablaidean aig cuid againn no bidh sinn a' cluich gheamannan air-loidhne, cha bhi feadhainn eile. Ge bith ciamar a tha sinn a' cleachdadh an eadar-lìn, an-diugh bidh daoine a' smaoinichadh mum beatha air-loidhne agus tha e coltach fiù 's ged nach bi iad a' cleachdadh an eadar-lìn mòran an-dràsta gun tèid sin suas dhan h-uile neach nuair a tha iad nas sine.
Iarr air na daoine òga postair beag a dhealbh gu luath a tha a' mapadh na tha iad a' dèanamh air-loidhne/air meadhanan sòisealta gach latha, san sgoil, san dachaigh. Cleachd na suaicheantasan agus na ceistean (prop 1) no iarr air na daoine òga an fheadhainn aca fhèin a chruthachadh (airson a bhith cinnteach gu bheil e làthaireach). 'S iad na ceistean (air an slaighd): *Dè na prìomh làraich, apps, no geamannan a bhios mi a' cleachdadh bho latha gu latha? Dè na bhios mi a' cosg de dh'ùine air gach fear gach latha?*

Tòisich còmhraidh mu na rudan a tha coltach/aocoltach, le ceistean proimt mar: Dè cho toilichte 's a tha na daoine òga leis na tha iad ris air-loidhne? A bheil iad a' faireachdainn nach eil iad a' cosg gu leòr no gu bheil iad a' cosg cus ùine air-loidhne? Dè bhiodh iad ag ionndrann mura biodh uimhir a chothrom aca 's a th' aca an-dràsta?

- 2. Daoine òga air-loidhne (Cleachd prop 2)** Seall am postair **Cùisean an eadar-lìn**. Tha feadhainn de na prìomh phuigean mu chleachdadh nam meadhanan sòisealta le daoine òga. Theirig thairis orra – a bheil sìon na annas dhan chlas/bhuidheann? An uair sin seall an dàrna duilleag **A' phrìomh dheich gnìomhan tablaid do dheugairean** (cuideachd Prop 2). A bheil seo a' riochdachadh giùlan a' chlas seo?

Cleachd na ceistean proimt (air slaighd) airson deasbad mar chlas/bhuidheann no ann am buidhnean beaga, le fios-air-ais.

- A bheil fios aig do phàrantan/luchd-cùraim air mòran mu na bhios tu a' dèanamh air-loidhne?
 - Nan canadh cuideigin rud mì-choibhneil mud dheidhinn air na meadhanan sòisealta, am blocadh tu iad?
 - A' bheil thu a' smaoinichadh air gin dhen luchd-leantainn agad air làrach sam bith mar *charaidean*?
- 3. Meadhanan sòisealta – math no dona?** Tòisich leis a' bheachd gu bheil cuid de dhaoine a' faireachdainn gur e droch rud a th' anns na meadhanan sòisealta, agus gu bheil daoine òga a' cosg fada cus ùine air-loidhne. Ach tha cuid eile a' cumail a-mach gu bheil an t-eadar-lìn agus cothrom air fiosrachadh fhaighinn bho air feadh an t-saoghail a' ciallachadh gu bheil barrachd cothroman aig daoine òga agus gum faod barrachd buaidh a bhith aca. Priont copaidhean dhen airtigil (prop 3) agus leughaidh e còmhla: Tha cus ùine air na meadhanan sòisealta a' dèanamh cron air slàinte inntinn chloinne. Dèanaibh sgrùdadh air beachdan sa chlas/bhuidheann. Am measg nan ceistean proimt dh'fhaodadh: carson a tha thu a' smaoinichadh a bheireadh a bhith air-loidhne buaidh air leasachadh faireachail is sòisealta neach òg? Tha e coltach gu bheil eadar-dhealachadh ann a

thaobh gnè. Tha nigheanan a' cosg barrachd ùine air na meadhanan sòisealta, a rèir coltais tha barrachd buaidh orra – carson tha seo?

Cuir an cuimhne nan daoine' òga gun deach iarraidh orra smaoinichadh air neach/inbheach òg air a bheil iad eòlach air-loidhne a tha iad a' faireachdainn a tha a' dèanamh math. A bheil neach sam bith airson innse cò a thagh iad, mu na gnìomhan air-loidhne aca agus cunntas a thoirt orra. Èist ri freagairtean/beachdan, 's dòcha gu bheil iad a' ruith bho bhlog air bòidhchead a bhrosnaicheas fèin-mhisneachd gu neach-àrainneachd gu neach-ealain rap a sheasas an aghaidh gràin-cinnidh. Aidich eadar-dhealachadh sam bith ann am beachdan nan daoine' òga - a bheil na h-eisimpleirean 'math' a thaobh teachdaireachd/buaidh no nach eil?

Mur a h-eil sìòn deiseil aig na daoine' òga, thoir ùine dhaibh air na fònaichean/tablaidean aca gus a dhèanamh. NO cleachd an dà eisimpleir (prop 4 agus air an t-slaighd) mu iomairt air-loidhne le Hannah Alper agus Joshua Williams.

4. Airson crìochnachadh, faighnich na prìomh cheistean a-rithist agus iarr air na daoine' òga obrachadh ann am buidhnean beaga, a dh'fheumas beachd a dhìon: Meadhanan Sòisealta – math no dona? Feumaidh iad còig prìomh phuingeann a chur air dòigh, neach-labhairt a thaghadh agus am beachdan a thaisbeanadh.

Beachdan eile

- Rannsachadh: Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh an làrach-lin seo a sgrùdadh agus na prìomh fheartan do dhaoine' òga innse: <http://www.childnet.com/young-people/secondary>
- Tha an t-aitigil seo a' sgrùdadh *A bheil na meadhanan sòisealta dona dhad shlàinte?* <https://www.theweek.co.uk/checked-out/90557/is-social-media-bad-for-your-mental-health>
- Na prìomh làraich meadhanan sòisealta san RA <https://social-media.co.uk/list-popular-social-networking-websites>

Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaodar an teacsa seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun obair seo:

San sgoil tha sinn a' bruidhinn mu bhith air-loidhne agus na meadhanan sòisealta. Nì ar n-ionnsachadh sgrùdadh air mar a bhios sinn gar giùlan fhèin air-loidhne agus air sgaoileadh ìomhaighean feiseil eadar daoine, rud ris an canar *sexting* uaireannan. Seo cuid de làraich fiosrachaidh sgoinneil do phàrantan/luchd-cùraim:

- <http://www.childnet.com/parents-and-carers>
- <https://www.thinkuknow.co.uk/parents/>
- <http://www.childnet.com/blog/online-etiquette-or-netiquette-the-dos-and-donts-of-online-communication->

Bidh sinn cuideachd a' coimhead an fhilm seo: Trouser boy: <https://vimeo.com/231619730>

Tha an stiùireadh seo do phàrantan/luchd-cùraim a tha airson smaoinichadh mun ùine a tha an cuid chloinne a' cur seachad air beulaibh sgrion: https://www.rcpch.ac.uk/sites/default/files/2018-12/rcpch_screen_time_parent_fact_sheet_-_final.pdf

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Netiquette
- A' co-roinn ìomhaighean/dhealbhan

Nòtaichean Tidseir

